

An COMUNN Gàidhealaich



ORGANISERS OF THE ROYAL NATIONAL MOD

Sàmhradh 2014 / Summer 2014

Teachdaireachd bhon Àrd Oifigear

Anns na beagan làithean a chaidh seachad ann an Inbhir Nis choinnich sinn le Buidhean Taighean-seinnse Inbhir Nis agus le Buidhean Mhalairt Inbhir Nis. Bha e follaiseach gun robh ùidh mhòr aig an dà bhuidhean ann an cànan, ceòl agus cultar na Gàidhlig agus bha e gu math dòchasach sin fhaicinn. Ged is ann airson adhbharan mhalairt a thàinig iad don choinneamh, dh' fhàg iad an togallach làn ùidh agus misneachd mu ceòl, cultar agus a' Ghàidhlig. Bha sinn mothachail air an ùidh a bh' aig a h-uile duine aca leis gun tug a h-uile duine aca leotha na pasgain soidhneachan Gàidhlig.

Tha àireamhan airson farpaisean Mòd 2014 air leth fallain cuideachd. Tha 39 farpaiseach a bharrachd a' gabhail pàirt am-bliadhna na ghabh pàirt aig Mòd an Òbain ann an 2009. 'S e rud mòr a tha sin dhuinn le mu 1,800 òigrigh agus mu 1,300 inbhich a' gabhail pàirt. 'S e seo na h-àireamhan is àirde anns na deich bliadhna a-chaidh seachad, a' ciallachadh gu bheil tachartas sònraichte gu bhith againn. A thuilleadh air an sin, tha lomall a' Mhòid gu math fallain cuideachd le còrr is 70 tachartasan anns a' phrògram. Tha an taic a thathas air fhaighinn bho Tilleadh Dhachaidh 2014 a' dèanamh cinnteach nach eilear air Iomall Mòd mar seo fhaicinn a-riamh roimhe seo.

Bu chòrr moladh gach farpaiseach a tha gabhail pàirt agus tha e follaiseach le na h-àireamhan seo gu bheil freumhan a' Mhòid làidir anns na coimhearsnachdan Gàidhlig. Eadar còisirean a' coinneachadh uair san t-seachdain ann an tallaichean air feadh na dùthcha, neo clann ag ionnsachadh òrain agus bàrdachd anns na sgoiltean air feadh Alba, tha freumhan a' Mhòid làidir agus fallain air feadh na coimhearsnachdan Gàidhlig. Bidh clann a' tilleadh dhachaidh bhon sgoil a' sìreadh tuilleadh cuideachaidh bho am párrantan, seanairean agus seanmhairean, a' ciallachadh gu bheil an tachartas a' toirt teaghlachean agus ginealaich gu chèile. 'Se na freumhan seo a tha a' dèanamh cinnteach gu bheil an tachartas seo fhathast a-ruith agus fallain.

'S ann an Eden Court a bhios a' chuid as motha de na farpaisean a' gabhail àite san Dàmhair seo. Bidh farpaisean sam bith eile ann an toglachcean a tha gu math faisg air làimh. Ann an dòigh a thaobh toglachcean. 's e seo am Mòd is phasa dhuinn fhathast. Bidh app a' Mhòid air a chur air bhog am bliadhna cuideachd agus tha sinn an dòchas gun dèan sin cùisean nas suibhlach dhuibh uile.

A bharrachd air a h-uile càil a tha seo, tha tòrr obrach air a dhèanamh gach bliadhna gus dèanamh cinnteach gun tèid an tachartas sònraichte seo air adhart. Nam biodh fios gu cinnt againn gum biodh sinn a' faighinn maoineachadh gach bliadhna, bhiodh sin math ga rìreabh. Tha sinn fortannach gu bheil e comasach tachartas cho prìseil a chumail leis cho mi-chinnteach 's a tha cùisean maoineachaidh. Taing mhòr dhan a h-uile duine agaibh airson bh' ur taic.

Iain Moireasdan
Àrd Oifigear

Message from the Chief Executive

The last few days has seen meetings taking place in Inverness with the Inverness Pub Watch group and also with the Inverness Business community. The interest in the Royal National Mòd and in our Gaelic language, music and culture was sincere and reassuring. Those who attended may have been motivated by business performance but they all left the meetings enthused about our music; culture and the Gaelic language. Some may view Gaelic signage in businesses as a token gesture, but it was refreshing to see every pack of Gaelic signs being collected by those in attendance at the meetings.

Competition entries for the 2014 Mòd are extremely healthy – exceeding the 2009 Oban Mòd total by 39. To exceed the entries for 2009 is quite a feat and we are now sitting at approximately 1,800 young participants and 1,300 adult participants. This is the highest participant numbers in the last decade and provides a strong foundation for a huge event. In addition, the Mòd Fringe has now exceeded 70 events and continues to grow. The impact of support from Homecoming Scotland 2014 has helped to create a fringe around the Mòd that is unrivalled in the history of the Mòd.

Each one of these participants is to be commended and the figures illustrate the roots that the Mòd has in the Gaelic communities. Whether it is choristers meeting once a week in community halls throughout Scotland or individuals being taught songs, or poetry, in numerous primary schools throughout Scotland, the roots of the Mòd are diverse and strong. Youngsters will return home and seek guidance from parents or grand-parents which makes the event cohesive across the generations. It has endured because of these roots and it will continue to flourish so long as these roots are maintained.

Eden Court will host the vast majority of the competitive events at the Mòd this October. On the few days that we need to overspill the additional venues are virtually adjacent. In many ways this will be the easiest Mòd ever from the perspective of venues. The 2014 Mòd will also see the launch of a Mòd app which will hopefully make life a bit easier for everyone.

The cadences of the above paragraphs probably do not do justice to the massive effort that is undertaken annually to maintain the flagship Gaelic language; music and cultural event. Guaranteed funding would certainly make our life a lot easier but we live in an imperfect world. Within that general context we do well to stage such a unique and precious event on an uncertain and continually fluctuating funding platform. Thank you to everyone for your continued support.

*John Morrison
Chief Executive Officer*



An COMUNN Gàidhealach

Duaisean

Tha an ceann latha airson duaisean a thilleadh thugainn a-nis air a dhol seachad. Ma tha duilgheadasan air a bhith agaibh na duaisean a thilleadh, cuiribh fios thugainn cho luath's a ghabhas.

Ma tha sibh air na duaisean agaibh a thilleadh mu thràth, tapadh leibh.

Ballrachd

Bheil sibh air bh' ur ballrachd a phàigheadh airson a' bhliadhna? Mur a bheil, cuiribh fòn thugainn air 01463 709 705 no faodar pàigheadh tron làrach-lìn an [seo](#).

Ma tha sibh air cuir a-steach airson farpaisean inbheach am-bliadhna gu h-àraidh, dèanaibh cinnteach gu bheil sibh air bh' ur ballrachd a phàigheadh cuideachd gus dèanamh cinnteach gun tèid na tagraighean agaibh troimhe mar bu chòrr.

Prògram Mòd 2014

Bidh prògram oifigeil a' Mhòid ri fhaighinn ann am beagan sheachdainnean.

*Anns an eadar-ama ge ta gheibhear dreach prògram air an làrach-lìn againn. Bruthaibh air a' cheangal a leanas:
Dreach Prògram Mòd 2014*

Cuimhnichibh gur e dreach a th' ann agus dh' fhaodadh gun tèid atharrachaidhean a dhèanamh air fhathast.

Mod 2014 Tickets

Bidh ticeadan airson na prìomh fharpaisean agus consairtean rin ceannachd bhon ath sheachdain. Gheibhear iad bho na h-ofisean againn ann an Steòrnabhagh agus Inbhir Nis agus bho Eden Court.

Thèid foirmean iarrtais a-mach gu buill a' Chomuinn ann am beagan làithean.

Ma bhios tuilleadh fiosrachaидh a dhìth oirbh mu ticeadan a' Mhòid, cuiribh fios thugainn.

Oifis agus Ionad Fiosrachaïdh a' Mhòid

'S e Eden Court am prìomh talla airson Mòd Nàiseanta Rìoghail na bliadhna seo ann an Inbhir Nis.

Bidh Oifis agus Ionad Fiosrachaïdh a' Mhòid stèidhichte ann an Eden Court thairis air an t-seachdain.

Bidh an oifis agus an ionad fiosrachaïdh fosgailte ann an Eden Court eadar Disathairne 11mh agus Dìhaoine an 17mh den Dàmhair.

Bidh tuilleadh fiosrachaïdh ann am Prògram Oifigeil a' Mhòid.

Trophies

The deadline for trophies to be returned has now passed. If you have had problems in returning your trophy, please call us as soon as possible to inform us.

Thank you to all those who have returned their trophies in good time.

Membership

Have you paid your membership for this year? If not call us on 01463 709 705 or pay via our website [here](#).

Make sure your membership is up to date in particular if you have entered any senior competitions for this year's Mod, to ensure your entry is up to date.

Mod 2014 Programme

The official Mod programme will be available in the coming weeks.

In the meantime however, a draft programme of competitions and venues is available on our website via the following link: [Draft Mod 2014 Programme](#)

Please note that this is a draft version and may be subject to change.

Mod 2014 Tickets

Tickets for the premier concerts and competitions will be available from next week onwards. These will be available to buy from our offices in Stornoway and Inverness and from the Eden Court Box Office.

All members will receive their ticket order forms in the next few days. Please do not hesitate to contact us if you require any further information regarding Mod tickets.

Mod Office and Information Point

The main venue for this year's Royal National Mod will be the Eden Court Theatre in Inverness.

Our Mod Office and Mod Information Desks will both be based here.

We will be working from Eden Court between Saturday 11th and Friday 17th October.

Further details will be available in the official Mod Programme.

An Comunn Gàidhealaich

Taisbeanadh Gàidhlig

Gach bliadhna, bidh Taisbeanadh Gàidhlig againn aig a' Mhòd a bhios a' ruith fad na seachdain. Bidh measgachadh de bhuidhnean Gàidhlig agus ionadail ann le fiosrachadh mu dheidhinn na seirbhisean a tha iad a' tabhann.

Nam measg bidh Comhairle nan Leabhrachean agus Acair le leabhrachean, CDs & DVDs bhon bhùth aca, Clì Gàidhlig, Sabhal Mòr Ostaig, Alba Aosmhòr, Dualchas Nàdair na h-Alba agus mòran eile.

Cuideachd, bidh tachartasan beò, òraidean, ceòl agus taisbeanaidhean eadar-dhealaichte a' gabhail àite thairis air an t-seachdain, mar sin dèanaibh cinnteach gun tig sibh a chèilidh oirnn!

Bidh sinn cuideachd an dòchas gum faigh sinn cothrom blasad bidhe agus deoch ionadail fhaighinn... Chì sinn ann an Inbhir Nis sibh!

Airson tuilleadh fiosrachaidd cuiribh post-dealain gu:
Alison NicEanraig - alison@mypinkipromise.co.uk

Gaelic Showcase

Each year we have a Gaelic Showcase which runs for the duration of the Mod, which features a wide selection of Gaelic and local exhibitors with lots of information about their products & services.

These include the Gaelic Books Council and Acair who will have many books, CDs and DVDs to sell, Cli Gàidhlig, Sabhal Mor Ostaig, Historic Scotland and Scottish Natural Heritage with lots of information, and many more.

The week also features events, demonstrations and readings within a performance area in the heart of the Showcase so please pop in and say hello. We even try to provide a little taste of some amazing Scottish food & drink from the local Mod area...so be sure to call in to the Gaelic Showcase at this year's Mod!

If you are interested in booking a stand at the Gaelic Showcase or for any further information please contact:

Alison Henderson - alison@mypinkipromise.co.uk

Duais Sgrìobhadair Òigridh Clàrsach

Tha Comunn na Clàrsach toilichte fiosrachadh mun 6mh Sgrìobhadair Ciùil Òigridh a thoirt thugaibh.

Tha cothrom aig neach-sgrìobhaidh ciùl a tha eadar 16-25 bliadhna a dh'aois, pìos ceòl ùr a chur a-steach thugainn, a bhiadh freagarrach do aon neach no do aon neach cluiche clàrsach agus suas gu trì ionnsramaidean eile agus / no seinneadairean. Chan fheum an neach-sgrìobhaidh a bhith na chluicheadair clàrsach.

Feumar cuir a-steach airson an fharpais seo ro:
28 Samhain 2014.

Thèid am pìos-sgrìobhaidh a gheibh an duais a chluich aig Fèis Eadar-nàiseanta Clàrsach 2015 agus gheibh an neach-sgrìobhaidh £500 not mar phàirt den duais.

Gheibhear tuilleadh fiosrachadh bho làrach-lìn
Comunn na Clàrsach:
<http://www.clarsachsociety.co.uk/about-us/young-composer-award>

Feuch gu sgaoil sibh an fiosrachadh seo gu duine sam bith aig am biodh ùidh anns an fharpais.

Young Clàrsach Composer Award

The Clarsach Society are pleased to announce the details of the sixth Young Composer Award.

Composers aged between 16-25 years of age are invited to present an orginal piece of music suitable for solo clarsach, or clarsach and up to three other instruments and/or voices. It is not necessary for the composer to be a clarsach player.

*Deadline:
28 November 2014.*

The winning work will premiere at the Edinburgh International Harp Festival in 2015 and receive £500 in prize money.

*For more information, please visit the Society's website:
<http://www.clarsachsociety.co.uk/about-us/young-composer-award>*

Please help spread the word by forwarding this message to students, friends and colleagues.



Am Mòd Nàiseanta Rioghail 2014

Inbhir Nis

Iarrtas thiogaidean



TACHARTAS	LATHA & UAIR	BALL	ÀIR.	GUN BHALLRACHD	ÀIR.	IOMLAN
Fosgladh Oifigeil: le ceòl bho Skipinnish & Gria <i>Taigh-cluiche na h-Ìmpireachd, Cùirt Eden</i>	Dihaoine 10mh Dàmhair 8.00f	AN ASGAIDH		AN ASGAIDH		
Cuirm nam Fidhlearan: ann an co-bhann le Blazin in Beauly <i>Taigh-cluiche na h-Ìmpireachd, Cùirt Eden</i>	Disathairne 11mh Dàmhair 7.30f	£5		£10		
Cuirm CallMac: Barluath & Urban Teuchters & Jenna Chuimeanach is eile <i>Taigh-cluiche One Touch, Cùirt Eden</i>	Diluain 13mh Dàmhair 8.00f	£5		£10		
Cuirm CallMac: Fèis Rois & eile <i>Taigh-cluiche One Touch, Cùirt Eden</i>	Dimàirt 14mh Dàmhair 8.00f	£5		£10		
Farpais Criochnachaidd an Aigeallain Airgid <i>Taigh-cluiche na h-Ìmpireachd, Cùirt Eden</i>	Diciadain 15mh Dàmhair 7.30f	£4		£8		
Farpais Criochnachaidd an Dràma <i>Taigh-cluiche One Touch, Cùirt Eden</i>	Diciadain 15mh Dàmhair 7.00f	£4		£8		
Farpais Criochnachaidd nam Bonn Òr <i>Taigh-cluiche na h-Ìmpireachd, Cùirt Eden</i>	Diardaoin 16mh Dàmhair 9.00m	£5		£10		
Farpais Latharna agus an t-Siorraim <i>Taigh-cluiche na h-Ìmpireachd, Cùirt Eden</i>	Diardaoin 16mh Dàmhair 1.30f	£5		£10		
Farpais Criochnachaidd an t-Seann Nòis <i>Taigh-cluiche na h-Ìmpireachd, Cùirt Eden</i>	Diardaoin 16mh Dàmhair 7.30f	£5		£10		
Cuirm a' Mhòid: Léirsinn <i>Taigh-cluiche One Touch, Cùirt Eden</i>	Diardaoin 16mh Dàmhair 8.00f	£5		£10		
Cèilidh Neach-Gairm a' Mhòid <i>Taigh-òsta Waterside</i>	Diardaoin 16mh Dàmhair 10.00f	An Asgaidh		An Asgaidh		
Farpais Thulaich Bhardainn & NicDhonnchaidh <i>Taigh-cluiche na h-Ìmpireachd, Cùirt Eden</i>	Dihaoine 17mh Dàmhair 1.30f	£5		£10		
Cuirm CallMac: Cruinn & Còmhlan-cèilidh Ghleann Fhionnainn & eile <i>Taigh-cluiche One Touch, Cùirt Eden</i>	Dihaoine 17mh Dàmhair 8.00f	£5		£10		

NB GHEIBH CLANN FO AOIS 16 A-STAIKH AN ASGAIDH DISATHAIRNE, DILUAIN AGUS DIMÀIRT A-MHÀIN, AGUS AIG LETH-PHRÌS AIG GACH ÀM FILE

PRÒGRAM A' MHÒID	£4 agus £1.75 p&p gach leth-bhreac	£6 agus £1.75 p&p gach leth-bhreac	
Ag òrdachadh tiocaidean a-mhàin? Cuiribh thugainn cèis A5 le stampa agus ur seòladh oirre	GU H-IOMLAN		



Am Mòd Nàiseanta Rioghail 2014
Inbhir Nis
Ticket Order



EVENT	DATE & TIME	MEMBER	NO.	NON-MEMBER	NO.	COST
Opening Ceremony: featuring music from Skipinnish and Gria <i>Empire Theatre, Eden Court</i>	Frid 10th October 8.00pm	Free		Free		
Fiddlers' Rally: hosted by Blazin in Beauly <i>Empire Theatre, Eden Court</i>	Sat 11th October 7.30pm	£5		£10		
CalMac Concert: Barluath & Urban Teuchters & Jenna Cumming & more <i>One Touch Theatre, Eden Court</i>	Mon 13th October 8.00pm	£5		£10		
CalMac Concert: Fèis Rois & more <i>One Touch Theatre, Eden Court</i>	Tues 14th October 8.00pm	£5		£10		
Silver Pendant Final <i>Empire Theatre, Eden Court</i>	Wed 15th October 7.30pm	£4		£8		
Drama Finals <i>One Touch Theatre, Eden Court</i>	Wed 15th October 7.00pm	£4		£8		
Gold Medal Final <i>Empire Theatre, Eden Court</i>	Thurs 16th October 9.00am	£5		£10		
Combined Rural Choirs <i>Empire Theatre, Eden Court</i>	Thurs 16th October 1.30pm	£5		£10		
Traditional Final <i>Talla Empire, Eden Court</i>	Thurs 16th October 7.30pm	£5		£10		
Cuirm a' Mhòid: Lèirsinn <i>One Touch Theatre, Eden Court</i>	Thurs 16th October 8.00pm	£5		£10		
Convener's Traditional Cèilidh <i>Waterside Hotel</i>	Thurs 16th October 10.00pm	Free		Free		
Combined Area Choirs (Lovat & Tullibardine & Margrat Duncan) <i>Empire Theatre, Eden Court</i>	Fri 17th October 1.30pm	£5		£10		
CalMac Concert: Cruinn & The Glenfinnan Cèilidh Band & more <i>One Touch Theatre, Eden Court</i>	Fri 17th October 8.00pm	£5		£10		
NB ENTRY FOR CHILDREN UNDER 16 FREE ON SATURDAY, MONDAY AND TUESDAY ONLY AND HALF PRICE ALL OTHER TIMES						
Mod Programme		£4 plus £1.75 p&p per copy		£6 plus £1.75 p&p per copy		
Ordering tickets only? Please enclose an A5 stamped self-addressed envelope					OVERALL TOTAL	

	<i>3 Digit security code</i>													
Name	<i>Credit card no.</i>													
Address	<i>Valid from</i>													
	<i>Expires End</i>													
	<i>Issue Number</i>													
Post Code	Please enclose a cheque / postal order for the correct amount or details of your Credit / Debit card.													
Telephone no.														
Membership no.	Return to An Comunn Gàidhealach, Balnain House, 40 Huntly Street, Inverness IV3 5HR by Friday 19th September 2014.													

MÒDAN IONADAIL 2014

PROVINCIAL MODS 2014

Tha a chuid as mothà deth na Mòdan Ionadail airson 2014 a-nis air gabhail àite.

Tapa leibh uile airson an obair chruaidh a tha sibh a' dèanamh airson na Mòdan Ionadail. Tha sinn mothachail gu bheil tòrr obair ann, mòran taing.

Nach cuir sibh dealbh no dhà thugainn nuair a bhios bh' ur Mòd seachad, agus foillsichidh sinn iad anns a' chuairt-litir.

Taobh Siar Rois / Wester Ross

3 Sultain
3 September

duncan-ross@sky.com

Barraigh / Barra

26 & 27 Sultain
26 & 27 September

jdouglasmacneil@aol.com

Dailriada / Dalriada

27 Sultain
27 September

christinejohnston66@sky.com

Mòd Ionadach na Dreoluinn Mull

12 & 13 Sultain
12 & 13 September

ruthanderson07@hotmail.com

Tha duilleag shònraichte aig gach Mòd Ionadail air an làrach-lìn againn.

Each Provincial Mod has a dedicated page on our website.

Gheibhearr fiosrachadh a bharrachd mu na Mòdan agus na Comataidhean an sin.

Details of each Mod and their Committees etc are available there.

www.ancomunn.co.uk

An Comunn Gàidhealaich



COMUNN GÀIDHLIG INBHIR NIS

Òraid: Bliadhna nan Òran
le Jo NicDhomhnaill & Laura NicRisnidh
Diciadain 15 an Dàmhair 14.00
Togalach UHI, 2 Ness Walk, Inbhir Nis.

an-asgaidh. Fàilte dhan na h-uile duine



COMUNN GÀIDHLIG INBHIR NIS

Òraid: Misneachd Bàrd Mhealaboist
le Mairead NicLeòid
Dihaoine 19 an t-Sultain 19.30
Bun-sgoil Ghàidhlig Inbhir Nis

an-asgaidh. Fàilte dhan na h-uile duine

EMS Trad Arts Small Fund 2014/15

Tha EMS air £35,000 a ghleidheil airson tabhachd gu pròiseactan ealain. Cha bhith ann ach aon cheann-latha airson tagraighean a chur a-steach thugain.

In 2014/15 Enterprise Music Scotland have been given an allocation of £35,000 to distribute to small arts projects. There will only be one application deadline - Friday 10th October 2014 at 5pm.

Faodar cuir a-steach airson suas gu £3000 airson pròiseactan a bhios a' gabhail a-steach na leanas:
Individuals/Organisations can apply for up to £3,000 for projects involving the following:

- *Dannsa Traidiseanta Albannach / Scottish Traditional Dance*
- *Ceòl Traidiseanta Albannach / Scottish Traditional Music*
- *Sgeulachdan Traidiseanta Albannach / Scottish Traditional Storytelling*

*Gheibhear tuilleadh fiosrachadh aig / You can find further information and an application form on our website:
<http://www.enterprisemusicscotland.com/discover/traditional-arts-fund/>*

*Gheibhear liosta de phròiseactan eile a fhuair taic mu thràth an seo / Examples of projects funded in the most recent round of awards is available here:
<http://tumblr.co/ZSUENs1HnN07L>*

Ma tha ceistean sam bith agaibh, cuiribh fios thugainn / If you have any queries do not hesitate to get in touch.

tradarts@emusicscotland.co.uk

An Comunn Gàidhealach

Bha buill Comataidh Ionadail Mòd Inbhir Nis an làthair aig Fèill Àiteachais an Eilein Dubh bho chionn ghoirid, a' reic pàirt de bathair a' Mhòid.

Members of the Inverness Mod Local Organising Committee attended the Black Isle Show recently where they had a stall selling some of their merchandise.



Am-measg an fheadhainn a thàinig a chèilidh orra bha Rena againn fhèin, a tha air fòrladh màthaireil an dràsta, agus Gracie bheag.

Visitors to the stall included our own Rena, who is on maternity leave at present, and lovely little Gracie!

Bha measgachadh de stuthan aca airson reic.
They had a variety of merchandise items for sale.



Bha iad trang leis an tombola mar is àmhaist!
The tombola was a big hit as always!

An Comunn Gàidhealaich

Taic Saor-thoileach



Ma tha ùidh agaibh taic a thoirt le obair Comataidh Deasachaidh Ionadail MNR 2014, no obrachadh gu saor-thoileach aig a' Mhòd, leig fios is bidh sinn toilichte cluinnint bhuabh!

Bidh mòran iarrtas air taic saor-thoileach suas gu àm a' Mhòd, agus aig a' Mhòd fhèin. Ma tha ùidh agaibh bh' ur cuideachadh, cuiribh fios thugainn.

Volunteer Support



If you would like to get involved with our committee or to volunteer at this year's Royal National Mod, please get in touch, we would love to hear from you!

There are lots of opportunities for volunteers in the run up to and at this year's Mod so please get in touch if you are willing to help.

Àite Fuirich @ Mòd 2014



Bheil feum agaibh air cuideachadh a' lorg àite-fuirich aig Mòd Nàiseanta Rioghail na bliadhna seo?

Cuir fios gu Criosaidh Chuimeanach, Neach Gairm Comataidh nan Àitean-fuirich againn, aig chrissiebheag@hotmail.co.uk airson fiosrachadh is stiùireadh.

Accommodation @ Mod 2014



Need some help finding somewhere to stay at this year's Royal National Mod?

Contact our Accommodation Committee Convener, Chrissie Cumming at chrissiebheag@hotmail.co.uk for information on accommodation providers in the area.

Club 400 Inbhir Nis



Seo an fheadhainn a fhuair duaisean an Lùnastal:

£250 – Iain MacAoidh, Inbhir Nis
£100 – Dianne Walker, Inbhir Nàrann
£50 – Còisir Ghàidhlig Obar Pheallaidh

Am bu chaomh leibh cothrom £250 a bhuannachadh? Nach cuir sibh taic ri Mòd Nàiseanta Rioghail 2014 agus Mòd Ionadail Inbhir Nis le beagan is £1 san t-seachdain a chur ann am ballrachd Crannchur 400?

Airson pàrt a ghabhail, cuiribh fios gu: [david@macleod668.orangehome.co.uk](mailto:donald@macleod668.orangehome.co.uk)



Inverness 400 Club



The winners in our August draw were:

£250 – Iain Mackay, Inverness
£100 – Dianne Walker, Nairn
£50 – Aberfeldy Gaelic Choir

Would you like the opportunity to win up to £250? Why not support the 2014 Royal National Mod and Inverness Provincial Mod by putting just over £1 a week towards membership subscription in a 400 Club?

To join contact:
david@macleod668.orangehome.co.uk



An Comunn Gàidhealaich

Oileanach na Bliadhna aig SMO

Chaidh Eilidh NicPhàidein, oileanach a tha a' dèanamh ceum BA (le urram) ann an Gàidhlig is Ceòl Traidiseanta, ainmeachadh mar Oileanach Fo-cheum na Bliadhna aig Sabhal Mòr Ostaig OGE. 'S ann à Eilean Thiriodh a tha Eilidh, agus tha i air a bhith na h-oileanach aig SMO airson trì bliadhna, far a bheil i na sàr thosgaire don Cholaiste agus don chùrsa aice.

'Se neach-ciùil air leth tàlantach a th' ann an Eilidh agus bhon a thòisich i aig an t-Sabhal, tha i air buinn airgid is òr a bhuannachadh aig a' Mhòd Nàiseanta Rioghail sna co-fharraisean bocsa. Airson grunn bhliadhnaichean a-nis, tha Eilidh cuideachd air a bhith a' teagasc aig Fèis Thiriodh, a' tort seachad an fhiorsachadh sna sgilean aice fhèin don ghinealach as òige

Thuirt Iain T. MacLeod, Stiùiriche an Fhoghlaime: "Tha Eilidh air leth airidh air an duais seo a tha ag aithneachadh a cuid feartan pearsanta, comasan acadaimigeach agus cuideachd na h-obrach ionmholta a tha i a' dèanamh às leth oileanaich an t-Sabhal Mòr. Tha i na sàr thosgaire dhan Cholaiste, dha OGE agus dhan choimhairsnachd anns an do thogadh i."

Tha Eilidh na pàirt mhòr de bheatha na Colaiste agus coimhairsnachd sgìre Shlèite cuideachd. Tha i an sàs ann an Comunn nan Oileanach is bidh i a' cur mòran ùine is oidhrip a-staigh ann a bhith cur air dòigh tachartasan sòisealta is nithean eile, gu maith nan oileanach air fad. Bha Eilidh a-measg an fheadhainn a chuir air dòigh Buidheann Dràma SMO a bha a' farpais aig a' Mhòd ann am Pàislig ann an 2013 agus a bha cuideachd an làthair aig Ceòl is Craic an Glaschu o chionn beagan mhìosan. Tron bhliadhna seo, tha i air a bhith an lùib grunn rudan, mar an Fhèill Ghàidhlig, Seachdain Slàinte agus an carthannas Sports Relief. Mar phàirt de phrògram thachartasan SMO@40, bha Eilidh cuideachd a' cluich aig Fèis Celtic Connections, Lùchait Holyrood, Pàrlamaid na h-Alba agus ath-chruinneachadh nan oileanach aig an t-Sabhal.

Thuirt Eilidh i fhèin mun duais: "Tha mi air leth toilichte a bhith air m' ainmeachadh mar Oileanach na Bliadhna aig Sabhal Mòr Ostaig. Cha robh mi idir an dùil ris agus tha e na urram mhòr dhomh gun robh luchd-teagaisg an t-Sabhal a' smaoineachadh gun robh mi airidh air. Tha an ùine agam aig SMO air a bhith fiadhaich math gu ruige seo agus tha mi a' dèanamh fiughair ri bliadhna eile!"

Aig toiseach na bliadhna mu dheireadh aice, bidh Eilidh a' dol air iomlaid a dh' Eireann, far an cuir i seachad beagan mhìosan aig Ionad Ciùil an t-Saoghail, aig Oïlthigh Limerick.

SMO Student of the Year

Eilidh MacFadyen, who is studying for her BA (Hons) Gaelic and Traditional Music, has been named as undergraduate Student of the Year at Sabhal Mòr Ostaig UHI. Born and raised on the Isle of Tiree, Eilidh has been a student at SMO for three years, where she is an exemplary ambassador for both the College and her course.

Eilidh is an extremely talented musician and since enrolling at the College, has won silver and gold medals at the Royal National Mod in the under 19 accordion competitions. For a number of years now, Eilidh has also been a tutor at Fèis Thiriodh, passing on her musical knowledge and experience to a younger generation.

John N. MacLeod, Director of Studies, said: "Eilidh is particularly deserving of this award, given in recognition of her outstanding personal and academic achievements but also her sterling and unselfish work on behalf of the Sabhal Mòr Ostaig student community. She is a great ambassador for the College, UHI and her local community."

Eilidh is active in all aspects of College life and in the local Sleat community. She is a very active member of the SMO Student Association and works tirelessly in organising social activities and events within SMO and further afield. Eilidh is a founder member of the SMO student drama group which competed at the 2013 National Mod in Paisley and performed recently in Glasgow as part of the Ceòl is Craic event. In the past year alone, Eilidh has contributed to the Fèill Ghàidhlig, Healthy Happy You week and Sports Relief. As part of the SMO@40 celebrations, Eilidh played at Celtic Connections and other events, receptions at Holyrood Palace and the Scottish Parliament and also at the Sabhal Mòr Ostaig student reunion.

Eilidh commented on her award, saying: "I am delighted to be named Sabhal Mòr Ostaig's Student of the Year. I wasn't expecting it at all and it makes me very proud indeed to think that SMO staff thought me worthy of it. My time so far at SMO has been absolutely fantastic and I'm looking forward to another year!"

At the start of her fourth and final year at SMO, Eilidh has elected, and has been accepted, to undertake her overseas exchange placement at the World Music Centre, University of Limerick.



Stòras Maoineachaidh Mìcheal Bleakney

Air madainn 18 Sultain 2013, chaill sinn ar caraid, Mìcheal Bleakney, nuair a chaidh e fhèin agus 5 eile a mharbhadh ann an tubaist eadar bus agus trèana. Bha Mìcheal na phàirt de Còisir Ar n-Òran, na bhuill de Chomunn Gàidhlig Ottawa agus na fhpaiseach aig Mòd Chanada gach bliadhna. Bha e air a bhith an lùib na buidhnean seo còmhla rinn bho thùs. Bhiodh e an sàs anns a h-uile rud a bhiodh sinn a' dèanamh.

'S e duine mòrbhaileach agus èibhinn a bh' ann am Mìcheal. Tha mi cinnteach gum bidh cuimhne aig mòran a choinnich ris aig Mòd nan Eilean Siar ann an Steòrnabhagh ann an 2011 mar an duine dòigheil agus èibhinn, bho Còisir Ar n-Òran, à Canada, an còisir le seinn cho cumhachdach, ged is e còisir gu math beag a th' annta.

Tha sinn a' cuimhneachadh air Mìcheal le Stòras Maoineachaidh Mìcheal Bleakney, a thèid a thoirt seachad gach bliadhna dhan neach a gheibh an duais airson Dràma aig Mòd Chanada, Comunn Gàidhlig Ottawa. Tha seo fosgalte do neach sam bith a tha airson pàirt a ghabhail anns an fhpais Dràma. Gheibh an neach a bhuanaisceas Cupa Bleakney, agus, nuair a thèid an Stòras Maoineachaidh a stèidheachadh, gheibh iad duais airson cuideachadh le oideachadh Gàidhlig.

Bha Mìcheal gu math dèidheil air dràma agus bhiodh e a' gabhail pàirt anns an fhpais glè thric aig a' Mhòd.

Tapadh leibh airson bh' ur taic.

Mìcheal Ridseard Bleakney

1mh Lùnastal 1956 – 18mh Sultain 2013.

http://en.wikipedia.org/wiki/Ottawa_bus-train_crash

The Michael Bleakney Bursary fund

During his early morning bus commute on September 18th, 2013, our lives changed forever when the accidental collision of a city bus and train claimed the life of Michael Bleakney (and 5 others). Michael was an Ar n-Òran founding choir, Comunn Gàidhlig Ottawa member and regular Mòd Chanada competitor/participant. Mike was with us through all of the formative stages of Ar n-Òran, Comunn Gàidhlig Ottawa, Mòd Chanada and so much more. He gladly took part and was involved in virtually all of our activities. He was a stalwart dedicated man with a wonderful sense of humour that left an indelible mark on all who knew him. In fact I suspect many who attended/competed/participated at the 2011 Royal National Mòd in Stornoway will remember Mike as the funny, always smiling member of the Canadian Ar n-Òran Gàidhlig choir who surprised other choirs with their large sound and were dubbed as "the little choir who could."

Donations to the Michael Bleakney Bursary fund will help keep Michael's memory alive through an annual award to the winner of Comunn Gàidhlig Ottawa's Mòd Chanada Drama competition (which is open to any member of the public wishing to compete in the Gàidhlig Drama competition). The recipient will receive the Bleakney Cup, and once the bursary is set up, an annual award to be used toward Gàidhlig education. The Drama is something Mike held dear and participated in regularly at the Mòd.

Thank you for your donation.

Michael Richard Bleakney

August 1st, 1956 – September 18th, 2013

http://en.wikipedia.org/wiki/Ottawa_bus-train_crash



'S ann do neach sam bith aig a bheil ùidh ann an Gàidhlig na h-Alba a tha Comunn Gàidhlig Ottawa.

CGO FB:<https://www.facebook.com/events/149003815234768/?fref=ts#!/commungaidhligottawa?fref=ts>

○ **Mòd Chanada FB:** <https://www.facebook.com/#/events/149003815234768/?fref=ts>

○ **Comunn Gàidhlig Ottawa:** <http://gaidhligottawa.ca>

An Comunn Gàidhealach

Bidh na leanas a' nochdadadh thall 's a bhos air feadh na Gàidhealtachd agus an Earra-Ghàidheal a' tòiseachadh seachdain bhon diugh. An d' fhuair sibhse tiogaidean *fhathast?*

This year's Blas Festival - the tenth anniversary - begins one week from today on 5 September. All the following artistes will be appearing across the Highlands and Argyll. Have you got your tickets yet? In addition to great music, audiences will sample free local food and drink from Highland producers. A real Blas of Highland culture, food & drink and hospitality.

BLAS festival BLAS 10

September 5-13 Sultain www.blas-festival.com

TICKETS ON SALE NOW TO SEE THESE FABULOUS ARTISTES ACROSS THE HIGHLANDS

Alasdair Whyte | Allan Henderson | Angus MacColl Sr & Angus MacColl Jr
Calum Alex Macmillan | Ceòl nam Fèis Showcase Concert | Cherish the Ladies
Christine Primrose | Coisir G | Dàimh | Dougie Maclean
Drine - Rob Donn MacKay celebration with James Graham, Catriona MacLeod
Carol-Anne MacKay and Rhona Sutherland
Ellen Macdonald | Fèis Air an Oir | Fèis an Earraich | Fèis an Iar Thuath
Fèis Latharna | Fèis Lochabair | Fèis Òigridh na Mara | Fèis Rois | Fèis Spè
Fèis Thròdairnis | Gary Innes | Gillie Mackenzie | Hò-Rò
Howie Macdonald & Marilyn Mackinnon | Hugh Dan MacLennan
James Mackenzie & Neil Ewart | Linda Macleod | Macanta | Mànran | Marloch
Mìorbhail nam Beann - Blas 2014 new commission with Iain MacFarlane
Ewen Henderson, Ewan Robertson & Hamish Napier
Pipe Major James Mackenzie | Ross Ainslie & Jarlath Henderson | Salt House
The Bothy Singers - Geordie Murison, Jim Taylor & Joe Aitken
The Cast Ewe Ceilidh Band | The Cheryl Heggie Dancers
The Donald Black Band | The MacGillivrays of Culrossie
The Mischa Macpherson Trio | The Monach Isle Ceilidh Band
The Red Hot Chilli Pipers | Trail West

feisean

The Highland Council Comhairle na Gàidhealtachd

Creative LAND SCOT

HIE

BORD NA CÁLTAR

Argyll & Bute COUNCIL

Homecoming Scotland

Scottish Natural Heritage Duaisgas Nàdar na h-Alba

Highlands and Islands Enterprise Highlands na Gàidhealtachd's own business

SCOTLAND Our Home & Nation



An Comunn Gàidhealach

ORGANISERS OF THE ROYAL NATIONAL MÒD

Am Mòd Nàiseanta Rioghaill | The Royal National Mod

2014 INBHIR NIS 10 – 18 DÀMHAIR | INVERNESS 10 – 18 OCTOBER

2015 AN T-ÒBAN 9 – 17 DÀMHAIR | OBAN 9 – 17 OCTOBER

2016 NA H-EILEANAN
AN IAR 14 – 22 DÀMHAIR | WESTERN ISLES 14 – 22 OCTOBER

Na Mòdan Ionadaill | Provincial Mods

LEÒDHAS LEWIS | ÀIRD NAM MURCHAN ARDNAMURCHAN

DÙN ÈIDEANN EDINBURGH | GLASCHU GLASGOW

SRUIGHLEA STIRLING | INBHIR NIS INVERNESS

CILLE BHRÌDHÉAN EAR EAST KILBRIDE | AN T-EILEAN SGITHEANACH SKYE

CATAIBH IS GALLAIBH SUTHERLAND & CAITHNESS | AN T-ÒBAN OBAN

ÌLE ISLAY | NA DREÒLLUINN MULL

UIBHIST UIST | DAIL RIATA DALRIADA

LOCH ABAIR LOCHABER | TAOBH SIAR ROIS WESTER ROSS

PEART IS AONGHAS PERTH & ANGUS | BARRAIGH IS BHATARSAIGH BARA

NA HEARADH HARRIS | TAOBH AN IAR-DHEAS ROIS SW ROSS

For Provincial Mòd dates and more go online
www.ancomunn.co.uk

REGISTERED CHARITY NUMBER: SC001282

An Comunn Gàidhealach



CONVERSATION DAY

Saturday 13th September 2014

Shortlees Community Centre
Blacksyke Avenue
Kilmarnock
KA1 4QY

From

10.00 am to 4.00 pm
(Registration from 9.15 am)

£5.00 for Forum members
£10.00 for non Forum members

Morning tea/coffee, lunch and afternoon
tea/coffee included.

Please contact Mr James Kirk Smith at
jkseagal@gmail.com for further information



Farpais Cheist Taigh-seinnse Ghlaschu

An 2nd Dimàirt gach mìos @ 7.30f
Taigh-òsta na Pàirce
1194-1202 Sràid Earra-Ghàidheal, G3 8TE
£2 gach neach



Glasgow's Gaelic Pub Quiz


The 2nd Tuesday each month @ 7.30pm
The Park Bar, 1194-1202 Argyle Street,
G3 8TE

£2 per participant



www.glasgowsga.org | www.cineg.org

AN COMUNN SGIATHANACH GLASGOW SKYE ASSOCIATION



Consairt Fosglaidh | Opening Concert


Disathairne 13mh Sultain, 7:30f | Saturday 13th September, 7:30pm.

Crawford Hall
110 Beith Street
Partick
G11 6

Airson barrachd fiosrachaidh:
www.glasgowskye.org

<https://www.facebook.com/groups/146606755352408/>

<https://twitter.com/GlasgowSkyeOrg>



Colaiste Abaid a' Bhatail Nuaidh

Scotland's Adult Education College

Newbattle Abbey College offers a transformative learning experience with residential facilities.

OUR COURSES

- ▶ Arts & Humanities Access to Higher Education
- ▶ Higher National Certificate (HNC) Social Sciences in partnership with Queen Margaret University
- ▶ National Certificate (NC) Rural Skills
- ▶ National Certificate (NC) Celtic Studies
- ▶ Celtic Studies Access to Higher Education – includes progression to Gaelic and Primary Education at University of Edinburgh



**CHILDCARE SUPPORT FOR
ELIGIBLE STUDENTS**

For further details please contact us at:
office@newbattleabbeycollege.ac.uk www.newbattleabbeycollege.ac.uk
Newbattle Road, Dalkeith, EH22 3LL 0131 663 1921

An Comunn Gàidhealach

An Comunn Gàidhealach

Oifis Steòrnabhaigh

Taigh a' Mhorair Leverhulme
Ceàrnag Phearsabhal
Steòrnabhagh
Eilean Leòdhais
HS1 2DD
Fòn: 01851 703 487
Post-d: peigi@ancomunn.co.uk

Oifis Inbhir Nis

Taigh Bhail an Athain
40 Sràid Hunndaidh
Inbhir Nis
IV3 5HR
Fòn: 01463 709 705.
Post-d: info@ancomunn.co.uk

An Comunn Gàidhealach

Stornoway Office

Leverhulme House
Perceval Square
Stornoway
Isle of Lewis
HS1 2DD
Telephone: 01851 703 487
Email: peigi@ancomunn.co.uk

Inverness Office

Balnain House
40 Huntly Street
Inverness
IV3 5HR
Telephone: 01463 709 705.
Email: info@ancomunn.co.uk

Ma tha sibh airson naidheachd no fiosrachadh a chur dhan ath iris den chuairt-litir, cuiribh fios thugainn.

If you would like to contribute anything to one of our future newsletters, please get in touch.

marina@ancomunn.co.uk

01851 703 487

www.ancomunn.co.uk

